

## **Fiosrachadh mu FtG do làraichean-lìn Ùghdarrasan Ionadail.**

### **Comhairle air deagh chleachdadh airson Oifigearan Ùghdarrasan Ionadail.**

#### **Ro-ràdh**

Cumaidh a' chomhairle anns an sgrìobhainn seo taic do dh'Oifigearan Ùghdarrasan Ionadail agus iad ag ùrachadh an fhiosrachaidh a th' aca air làraichean-lìn nan Ùghdarrasan Ionadail. Dh'fhaodadh na molaidhean togail air gealltanasan sa Phlana Ghàidhlig ionadail, a' toirt seachad eisimpleirean practaigeach air mar a dh'fhaodadh fiosrachadh a bhith air a thoirt dhan choimhearsnachd san fharsaingeachd. Le bhith a' libhrigeadh deagh chleachdadh, nithear cinnteach cuideachd gum bi an t-ùghdarras ionadail a' tional bunait fianais làidir a thaobh nan dleastanasan a tha air an comharrachadh anns an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig.

#### [Achd an Fhoghlaim \(Alba\) \(2016\)](#)

Mar a bhios fios agaibh, tha Achd an Fhoghlaim (Alba) (2016) a' cur dleastanas air Ùghdarrasan Ionadail gus foghlam agus ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig a bhrosnachadh agus gus taic a chumail ris, agus tha seo air a mhìneachadh anns an [Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig](#). 'S e fiosrachadh air na làraichean-lìn aca aon dòigh anns an urrainn do dh'Ùghdarrasan Ionadail FtG a bhrosnachadh.

Chaidh an dreachd làithreach seo a chur ri chèile le luchd-obrach Sgioba Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig. Bu toil leinn taing a thoirt do na buidhnean a leanas a thug beachdan feumail air ais dhuinn agus sinn ag ullachadh na comhairle seo:

Foghlam Alba

Comhairle Siorrachd Àir a Tuath

Comhairle Baile Ghlaschu

Comhairle na Gàidhealtachd

GLAN

Comann nam Pàrant Nàiseanta

*JM Whannel*

*Stiùiriche Foghlaim*

*Bòrd na Gàidhlig*

[seumas@gaidhlig.scot](mailto:seumas@gaidhlig.scot)

*Joanne McHale*

*Manaidsear Foghlaim*

*Bòrd na Gàidhlig*

[joanne@gaidhlig.scot](mailto:joanne@gaidhlig.scot)

## 1. So-ruigsinneachd Fiosrachaidh

Tha e ro-chudromach gum bi comhairle ruigsinneach ann do phàrantan ann am FtG, no dhaibhsan a tha a' beachdachadh air FtG, agus do dhuine sam bith sa choimhearsnachd ionadail a bhiodh ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh mu oidhirpean na Comhairle gus foghlam Gàidhlig agus tron Ghàidhlig a bhrosnachadh. Bu chòir beachdachadh air na leanas:

- a) A' cruthachadh earrann shònraichte air làrach-lìn an Ùghdarras Ionadail far an tèid am fiosrachadh uile mun Ghàidhlig agus mu FtG a chumail agus a chumail suas.
- b) Gum bi ceangal so-ruigsinneach air prìomh dhuilleig na Comhairle ris an earrainn mun Ghàidhlig agus mu FtG.
- c) Gum bi Oifigearan an Ùghdarras Ionadail air fios air ais bho bhuidheann fòcais le pàrantan/luchd-cleachdaidh seirbheis a chleachdadh gus dearbhadh gu bheil na ceanglaichean ruigsinneach agus gu bheil am fiosrachadh iomchaidh.

## 2. Fiosrachadh air FtG airson Pàrantan agus Luchd-cùraim

Bu chòir fòcas na h-earrainn seo a bhith air seirbheisean air an toirt seachad san Ùghdarras Ionadail, leis an fhiosrachadh a leanas:

- a) Aithris choitcheann mu sholar FtG sna Tràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoil agus Àrd-sgoil.
- b) Fiosrachadh soilleir mu mar a chlàraicheas pàrantan/luchd-cùraim airson FtG ann an Tràth-bhliadhnaichean agus anns a' Bhun-sgoil. Aithris shoilleir mu mar a tha na seirbheisean air an ceangal ri chèile agus air mar a tha eadar-ghluasadan air an dèanamh (gu sònraichte eadar Bun-sgoil is Àrd-sgoil). Bu chòir fiosrachadh soilleir a bhith ann mu sgìrean-sgoile airson solar FtG.
- c) Fiosrachadh soilleir do phàrantan mun phròiseas airson iarrtas a chur a-steach airson FtG aig ìre na bun-sgoile tron Ùghdarras Foghlaim a rèir an Stiùiridh Reachdail.
- d) Bu chòir ceangal a bhith ann ri làraichean-lìn nan sgoiltean far a bheil FtG ri fhaighinn, le fios mu neach-conaltraidh no seòladh puist-d airson barrachd fiosrachaidh. Bu chòir innse do phàrantan/luchd-cùraim gum bi fiosrachadh ann am Plana Leasachaidh Bliadhnaile na Sgoile agus Aithisg Càileachd air mar a tha an sgoil a' leasachadh FtG. A bharrachd air sin bhiodh e feumail toirt fa-near gu bheil pàrantan air am brosnachadh gus pàirt gnìomhach a ghabhail ann an Comhairle nam Pàrant (agus gum bi barrachd fiosrachaidh mun Chomhairle Phàrant ri fhaighinn bho oifis na sgoile).
- e) Bu chòir an t-Oifigear Ùghdarras Ionadail le uallach airson FtG ainmeachadh agus an seòladh puist-d aca fhoillseachadh.
- f) Bu chòir fios a bhith ann mu chòmhdhail gu solar FtG.
- g) Fiosrachadh mun phròiseas gus iarrtas a dhèanamh airson àite ann am FtG.



### 3. Fiosrachadh Coimhearsnachd nas Fharsainghe mu Ghàidhlig agus FtG anns an Ùghdarras Ionadail.

Mìnichidh an earrann seo cuid de na co-theacsan nas fharsainghe airson pàrantan/luchd-cùraim agus nì e cinnteach gum bi cothrom aig luchd-cleachdaidh seirbheis FtG air fios mu leasachaidhean eile.

- a) Bu chòir ceangal a bhith ann ri Plana Gàidhlig an Ùghdarras Ionadail cho math ri seòladh post-d an oifigeir air a bheil uallach iomlan airson lìbhrigeadh a' phlana.
- b) Fiosrachadh a bharrachd air seirbheisean 0-3, a' gabhail a-steach Cròileagain Gàidhlig.
- c) Bu chòir ceangal a bhith ann ri seirbheisean Gàidhlig eile aig an Ùghdarras Ionadail leithid buidhnean coimhearsnachd agus clasaichean luchd-ionnsachaidh Gàidhlig cho math ri ri seòladh post-d conaltraidh.
- d) Bu chòir beagan fiosrachaidh a bhith ann mu mar a tha Gàidhlig ga lìbhrigeadh ann am prògram 1 + 2 ann am Foghlam tro mheadhan na Beurla cho math ri fios mun Ghàidhlig ann an curraicealam nan Nuadh-chànanan (ann an solar Àrd-sgoil tro mheadhan na Beurla).

### 4. Co-theacsan Nàiseanta.

Bu chòir diofar cheanglaichean a bhith ann gus am bi cothrom aig luchd-cleachdaidh seirbheis air fios agus taic a bharrachd bho bhuidhnean agus iomairtean nàiseanta. Bu chòir mìneachadh goirid a bhith an cois gach ceangal m.e. Comann nam Pàrant: a' bhuidheann nàiseanta airson phàrantan agus luchd-cùraim le clann ann am FtG.

Ceanglaichean ri na leanas:

- a) [Comann nam Pàrant Nàiseanta](#)
- b) [Fèisean nan Gaidheal](#)
- c) [Comann na Gàidhlig](#)
- d) [Learn Gaelic](#)

Buidhnean a nì goireasan:

- a) [Stòrlann Nàiseanta](#) agus gu sònraichte [Gaelic4parents](#)
- b) [Comhairle nan Leabhraichean](#) (cuairt-litir dhà-chànanach)
- c) [Acair](#) – leabhraichean sa Ghàidhlig agus mun Ghàidhlig

Buidhnean Nàiseanta:

- a) [Bòrd na Gàidhlig](#) agus gu sònraichte [Plana Nàiseanta na Gàidhlig](#) agus [an Stiùireadh Reachdail](#) (+fios conaltraidh)
- b) [Foghlam Alba](#) agus gu sònraichte fios mu Foghlam Gàidhlig (+fiosrachadh conaltraidh)

Fiosrachadh conaltraidh: [enquiries@educationscotland.gov.uk](mailto:enquiries@educationscotland.gov.uk)

Tuilleadh fiosrachaidh air <https://education.gov.scot/parentzone>



## 5. Riaghaltas na h-Alba:

Tha àite cudromach aig Riaghaltas na h-Alba cuideachd ann am foghlam Gàidhlig, ann a bhith a' cruthachadh poileasaidh agus phrògraman, ann a bhith ag aontachadh prìomh sgrìobhainnean agus ann a bhith a' toirt seachad maoin eachdadh.

Tha buidseatan aig Riaghaltas na h-Alba cuideachd a tha a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig agus nam measg tha tabhartasan foghlaim Gàidhlig do dh'ùghdarrasan, maoin calpa sgoiltean Gàidhlig, maoin eachdadh airson Stòrlann, Streap, Go Gaelic, FilmG agus prògraman eile. Neach-conaltraidh: [stuart.pescodd@gov.scot](mailto:stuart.pescodd@gov.scot)

## Fiosrachadh a bharrachd mu FtG agus foghlam dà-chànanach.

Bidh ceanglaichean san earrainn seo ri buidhnean rannsachaidh far am faigh pàrantan agus luchd-cùraim am fiosrachadh as ùire.

- a) [Bilingualism Matters.](#)
- b) [Bhidio Comhairle na Gàidhealtachd mu FtG.](#)
- c) [VisitScotland – bhidio Gaelic explained.](#)





Bòrd na Gàidhlig,  
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,  
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,  
Great Glen House, Leachkin Road,  
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454  
oifis@gaidhlig.scot  
www.gaidhlig.scot

